

**Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain ag obair le agus airson ar coimhearsnachdan. Bheir sinn seachad seirbheisean ionadail riatanach agus taic a bharrachd dhaibhsan air a bheil am feum as motha air sin.**

Tha Siorrachd Obar Dheathain na dheagh àite airson a bhith a' fuireach agus ag obair - le coimhearsnachdan pròiseil, ath-leumach agus gnìomhachasan soirbheachail, eadar-mheasgte. Cha bhi sinn dìreach a' gabhail ri seo - tha sinn ag aithneachadh gu bheil dleastanas againn ann a bhith a' glèidheadh is a' togail air an t-soirbheachas sin, ag obair ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan is gnìomhachasan air feadh Siorrachd Obar Dheathain.

Feumaidh Comhairle Siorrachd Obar Dheathain gabhail ri atharrachaidhean deamografach mòra agus ri cuingealachaidhean ionmhais. Chan eil am maoineachadh againn a' cumail suas ris an fhàs agus ris na h-atharrachaidhean anns na coimhearsnachdan againn, no ris na feumalachdan agus na dùilean aca. Ro 2030, bidh an àireamh de dhaoine ann an Siorrachd Obar Dheathain a tha nas sine na 65 ag èirigh 28%, agus thathar an dùil gun lùghdaich an àireamh de dhaoine aig aois obrach agus daoine òga 2% an urra. A bharrachd air sin, thathar an dùil gum bi crìonadh suas ri 7% anns an àireamh-sluaigh aig aois sgoile ann an 11 de na 17 buidhnean sgoiltean. Tha seo uile a' ciallachadh gum feum sinn ar prìomhachasan ath-sgrùdadh agus fòcas a chur air àiteachan far an urrainn dhuinn a' bhuaidh as motha a thoirt leis an airgead a th' againn.

### **Eaconomaidh sheasmhach**

**Cumaidh sinn taic ri eaconomaidh làidir agus eadar-mheasgte le bhith a' tàladh daoine aig aois obrach dhan sgìre againn, a' cur ris an fheachd-obrach fìor sgìleil a th' againn san sgìre mar-thà.**

- Cùm taic ri gnìomhachasan ùra, is gnìomhachasan a th' ann mar-thà, gus soirbheachadh, a' cruthachadh farpaiseachd agus a' toirt seachad cothroman obrach a tha cothromach
- Faigh in-thasgadh gus fàs eaconamach a chumail suas
- Cuir ri cruthachadh sgioba-obrach sgìleil agus ath-leumach le bhith a' togail nan sgìlean a dh'fheumas ar clann agus daoine òga airson ionnsachadh, beatha agus obair an-dràsta agus san àm ri teachd
- Thoir comas do mhuinntir an àite a bhith a' coileanadh prìomh dhùbhlain agus eadar-ghluasadan nam beatha tro chothroman ionnsachaidh fad beatha.
- Tarraing daoine aig aois obrach dhan sgìre agus glèidh san sgìre iad.

### **Coimhearsnachdan ceangailte**

**Obraichidh sinn le coimhearsnachdan agus com-pàirtichean gus am faireachdainn de cheangal ris na h-àiteachan againn a neartachadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan gus fuasglaidhean ùr-ghnàthach a lorg gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-àiteachan againn ath-leumach agus beothail.**

- Thoir taic do choimhearsnachdan gus na dùbhlain a tha mun coinneamh a chur an cèill agus mar as urrainn dhuinn builean nas fheàrr a choileanadh còmhla
- Co-obrach le com-pàirtichean agus coimhearsnachdan gus tasgadh a thàladh gus ceanglaichean siubhail is còmhhdhail a neartachadh eadar na bailtean-mòra agus bailtean-beaga againn
- Brosnaich agus adhartaich siubhal gnìomhach – a' toirt taic do roghainnean siubhail nas fhallaine, nas seasmhaiche agus nas fheàrr dhan àrainneachd
- Cuir ri ceangailteachd dhidseatach le bhith a' faighinn tasgadh airson bun-structar nas fheàrr airson dachaighean is gnìomhachasan

## **A' fuireach gu math gu h-ionadail**

**Brosnaichidh agus cumaidh sinn taic do ar luchd-còmhnaidh gus beatha fhallain agus ghnìomhach a leantainn agus gus cur gu brioghmhor ris na coimhearsnachdan aca. Nì sinn roghainnean for-ghnìomhach a bheir comas dhuinn frithealadh air feumalachdan an t-sluaigh againn a tha a' sìor-fàs nas sine.**

- Cuidich daoine gus beatha neo-eisimeileach a leantainn tro ro-chasg agus eadar-theachd thràth, a' toirt seachad cùram agus taic dhaibhsan leis an fheum as motha air.
- Cuidich le bhith a' cur an comas taigheadas air prìs reusanta
- Obraich le agus thoir taic do chothroman do luchd-còmhnaidh a bhith fallain agus gnìomhach
- Cuir ri cothroman beatha nan daoine a th' ann an cunnart fulang bho bhochdainn, no a tha ann am bochdainn mar-thà
- Brosnaich barrachd com-pàirteachadh le choimhearsnachdan gus am bi sinn ag obair a dh'ionnsaigh amasan coitcheann anns na h-àiteachan againn
- Dèan cinnteach gum bi barrachd guth aig clann agus daoine òga ann an cùisean a bheir buaidh orra an-dràsta agus san àm ri teachd

## **Mar a dh'obraicheas sinn le coimhearsnachdan**

Bidh a h-uile rud a nì sinn a' beachdachadh air a' bhuidhe air na h-àiteachan againn agus bidh e air a stiùireadh le guthan ar coimhearsnachdan. Bheir sinn a-steach coimhearsnachdan agus luchd-cleachdaidh seirbheis ann a bhith a' cumadh ar seirbheisean, a' gabhail a-steach ciamar a thèid agus càite an tèid an libhrigeadh. Obraichidh sinn le muinntir an àite gus cruth gnìomhach a thoirt air na h-àiteachan sa bheil iad a' fuireach agus ag obair, tro bhith a' toirt taic do shaor-thoilich agus gan cuideachadh gus am feum as fheàrr a dhèanamh de mhaoin agus stòrasan na sgìre aca.

## **Atharrachadh na Gnàth-shìde**

Bidh atharrachadh na gnàth-shìde agus an gluasad gu cothromachadh carboin aig cridhe mar a bhios sinn a' dèanamh cho-dhùnidhean agus a' libhrigeadh sheirbheisean gus taic a thoirt do libhrigeadh ar prìomhachasan ro-innleachdail san fhad-ùine. Thèid ar co-dhùnidhean fhiosrachadh le atharrachadh na gnàth-shìde gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan gus am bi iad seasmhach san àm ri teachd.